

NA DUILLEAGAN GAIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB LIFE AND WORK

AIREAMH 11 | 2013 | AN T-SAMHAIN

Facal Toisich

Chaidh pàirt de dh'iris na Samhna ullachadh ann an Tiriodh, far an d'fhuair am Fear-deasachaidh cothrom beagan làithean a chur seachad. Ged a thadhail e air an eilean roimhe seo, cha robh e air a bhith cho fada seo a' fuireach ann. Cha b'urrainn dha gun a bhith a' smaoinichadh air an Fhear-deasachaidh a b'fhaide a bha air *Na Duilleagan Gàidhlig*, an t-Urr. Dòmhnall MacLaomainn, a rugadh ann an Tiriodh. 'S iomadh ministear foghainteach a chaidh àrach air an eilean bhrèagha seo.

Tha atharrachadh air tighinn air beatha muinntir nan eilean anns an latha againne. Tha goireasan-siubhail mòran nas fheàrr na bha iad uaireigin. Ach tha eileanaich fhathast an crochadh air an aimsir. Nuair a bha am Fear-deasachaidh air chuairt ann an Tiriodh bha dà latha an dèidh a chèile nuair nach b'urrainn don itealan à Glaschu laighe leis cho dùmhail is a bha an ceò. An latha an dèidh dha an t-eilean fhàgail cha tug bàta an Obain an t-eilean a-mach leis cho garbh agus a bha an t-sìde. Ach tha sluagh nan eilean eòlach air a bhith a' tighinn beò a rèir na h-aimsir.

Tha atharrachadh air tighinn air dòigh-beatha nan eilean leis na tha de choigrich air an dachaigh a dhèanamh annta. Tha feadhainn dhiùbh sin aig nach eil ùidh sam bith anns an Eaglais, agus gu dearbh ann an rudan eile a bhuineas don choimhearsnachd. Ach tha daoine eile air coitheanalan a neartachadh le bhith a' toirt cùl-taic don Eaglais agus don Ghàidhlig. Ged nach eil na h-eaglaisean cho làn agus a bha iad ann na làithean a dh'fhalbh, nach math gu bheil spionnadh fhathast ann an spioradalachd muinntir nan eilean.

Ann an Tiriodh tha Eaglais na h-Alba agus an Eaglais Bhaisteach a' cumail sheirbheisean. Tha co-chomann agus còrdadh eadar an dà bhuidhinn. Bhiodh e math nam biodh spiorad cho càirdeil eadar eaglaisean Crìosdail anns a h-uile eilean.

**Leis gach deagh dhùrachd,
Ruairidh MacLeòid.**



Nuair a thig thu air tìr ann an Tiriodh bharr a' bhàt'-aiseig, ma bheir thu sùil tarsaing a' bhàigh chì thu eaglais Chirceapoil. Chaidh eaglais an latha an-diugh a thogail le Pàdraig Mac an Aba às an Oban eadar 1843 agus 1844. Bha esan 'na ailtear agus 'na fhear-togail. Faisg air an eaglais tha làraich eile far am biodh eileanaich ag ùrnaigh, a' dol air ais cho fada ris a' cheathramh linn deug. Bha taigh mòr aig Victoria, nighean Diùc Earra Ghàidheal, faisg air an eaglais, agus rinn ise obair mhòr ann a bhith a' sgeadachadh an togalaich 'na bhroinn.

Cùil nan Ceist

An dèidh a bhith a' siubhal gu ruige Tiriodh air an aiseag bha am Fear-deasachaidh a' smaoinichadh gum biodh e freagarrach ceistean a chur oirbh mu bhàtaichean air a bheil iomradh anns a' Bhìoball. Tha freagairt nan ceist air an duilleig chùil.

1. Cò a bha air fhàgail anns a' bhàt'-iasgaich nuair a lean Seumas agus Eòin losa? (Marcus, caibideil 1)
2. Lìon a' bheàrn – “Slighe luinge ann am ----- na fairge.” (Gnàth-fhacail, caibideil 30.)
3. Dè an t-àite dam buineadh am bàta a ghabh Pòl agus a chompanaich? (Gnìomharan, caibideil 27.)
4. Dè an t-ainm a bha air an àite far an do rinn Solamh luingeas? (1 Rìgh, caibideil 9.)

Coigrich – 3

Tha sinn a' smaoinichadh anns an t-sreath seo air daoine a bhith 'nan coigrich. Ach, gu h-iongantach, anns a' Bhioball tha iomradh againn air Dia a bhith 'na choigreach.

Ann an leabhar Ieremiah tha earrann shònraichte againn. Tha am fàidh a' sgrìobhadh: *O dhòchais Israeil, a Shlànaigheir ri àm airce, cuime am biodh tu mar choigreach anns an tìr, agus mar fhear-turais a thionndaidheas a lethtaobh gu fuireach car oidhche?*

Bha Ieremiah a' faireachadh gu robh an sluagh anns an fharsaingeachd air astar a chur eadar iad fhèin agus Dia. Chaill iad an dàimh a bha aca ri Dia an athraichean. Bha rudan eile air an aire.

Ach cha robh Dia airson a bhith 'na choigreach anns an tìr, anns an t-saoghal a chruthaich E Fhèin, ri linn Ieremiah no anns an linn anns a bheil sinne beò.

Tha earrann ainmeil ann an Leabhar an Taisbeanaidh, far a bheil Crìosd mar gum biodh E 'na choigreach, air fhàgail a-muigh air an starsaich, ach ag iarraidh a-steach: *Feuch, tha mi am sheasamh aig an doras agus a' bualadh.* Tha an smuain sin againn cuideachd ann an Dàn Sholaimh: *Fosgail dhomh, mo phiuthar, mo bhanacharaid, mo chalaman, mo bhean choileanta; oir tha mo cheann còmhdaichte le driùchd, mo chiabhan le braoin na h-oidhche.* Tha laoidh ann a tha air a stèidheachadh air an earrainn sin ann an Dàn Sholaimh a tha a' tòiseachadh mar seo:

Feuch, aig an doras coigreach sgìth!

Bhuail e gu sèimh a-ris 's a-ris;

Caraid le gnùis mar aon ri caoidh,

'S a chiabhan fliuch le dealt na h-oidhch'.

Chan eil Dia airson a bhith 'na choigreach ach 'na charaid. Nach e Caraid nam peacach aon de na h-ainmeannan uasal a tha losa a' giùlan, an caraid a leanas nas dlùithe na bràthair.

Luchd na Gàidhlig


A h-uile deich bliadhna o 1801 tha Cunntas-sluaigh air a bhith ga chumail ann am Breatann. Tha cuid de na h-àireamhan on Chunntas ann an 2011 a-nis air an toirt am follais. 'Nam measg tha iomradh air na tha de dhaoine air feadh Alba a tha comasach air a' Ghàidhlig a bhruidheann.

Aig aon àm bhiodh e air a ràdh gu robh dà mhìle nas lugha de luchd bruidheann na Gàidhlig a h-uile bliadhna leis mar a bha seann daoine

a' caochladh agus a' Ghàidhlig a' crìonadh am measg na h-òigrìdh. Ach eadar 2001 agus 2011 cha do chaill a' Ghàidhlig ach mìle duine. Bha uallach air cuid gum biodh an suidheachadh na bu mhiosa na sin.

Ach tha e 'na adhbhar iomagain nach eil a' Ghàidhlig cho làidir anns na h-Eileanan an Iar agus a bha i bho chionn deich bliadhna. Tha barrachd dhaoine a' tighinn a-steach do na h-eileanan aig nach eil Gàidhlig. Cha eil an òigrìdh a' togail na Gàidhlig gu nàdarra mar a bha iad uaireigin.

Chan eil fios againn on Chunntas-sluaigh na tha de sheirbheisean Gàidhlig gan cumail air feadh Alba, ach tha amharas agam gu bheil an àireamh nas lugha na bha e deich bliadhna air ais. Tha Gàidheil agus luchd-ionnsachaidh ann an Glaschu agus ann an Dùn Eideann gu dìcheallach a' cumail seirbheis Gàidhlig a h-uile Sàbaid, ach tha sgìrean air Ghàidhealtachd far a bheil an cànan fhathast gu math làidir far nach eil seirbheisean Gàidhlig ach ainneamh. Anns an t-Sultain dh'fhosgail Sgoil Ghàidhlig ùr ann an Dùn Eideann, agus tha e ionganach na tha e de phàrantan anns a' bhaile a tha ag iarraidh gum faigh an clann fòghlam tro mheadhna na Gàidhlig.



Chì sibh anns an dealbh seo an t-Urr. Iain MacLeòid, nach maireann, a bha anns an Oban, nuair a bha e aig Comanachadh Bharabhais ann an Leòdhas dà fhichead bliadhna air ais. Tha an clàr air balla na h-eaglais le uairean nan seirbheisean ag innse mar a tha a' Ghàidhlig a' call an àite a bha aice anns an Eaglais bho chionn ginealach no dhà. Aig an àm sin bha seirbheis Gàidhlig aig meadhan-latha agus sia uairean feasgar a h-uile Sàbaid. A h-uile oidhche Dhiardaoin bha coinneamh-ùrnaigh Gàidhlig air a cumail. Cha robh seirbheis Bheurla air a cumail aig air a' cheud Sàbaid den mhìos. An-diugh tha mòran a bharrachd dhaoine aig nach eil Gàidhlig air an dachaigh a dhèanamh ann an sgìrean nan eilean. 'S e na seirbheisean Gàidhlig a tha 'nan annas anns an latha againne, gun 's dòcha ach aon seirbheis Gàidhlig anns a' mhìos.

Leabhraichean

Chaidh cliù Marsaili nan Oran – Marsaili NicUalraig-Friseal – a sgaoileadh air feadh an t-saoghail leis na rinn i de dh'obair a' cruinneachadh òran a bha beò ann am beul-aithris muinntir nan eilean. Cha do chòrd an dreach a chuir i air na h-òrain ri cuid, agus chaidh a càineadh airson sin, ach leig i fhaicinn na bha de bheartas ann am beul-aithris nan Gàidheal.

Ann an 1929 dh'fhoillsich Marsaili leabhar air eachdraidh a beatha. Cha robh e furasda an leabhar sin a lorg, ach a-nis tha Urras-leabhraichean nan Eilean air an leabhar fhoillseachadh as-ùr. 'S e leabhar grinn a tha anns an deasachadh ùr seo.

Tha dealbhannan nach robh anns an t-seann leabhar air an cur ris an leabhar an turas seo. Ann an dà dhealbhan chithear an t-Urr. Coinneach MacLeòid, ministear Ghioghaigh, a thug cuideachadh mòr do Mharsaili Nic Ualraig-Fhriseal. Cuid de na

A Life of Song

The Autobiography of Marjory Kennedy-Fraser
(Urras-leabhraichean nan Eilean. £14.99)

h-òrain a chruinnich ise, 's ann on eadar-theangachadh aig MacLeòid a chuir luchd na Beurla eòlas orra. Tha caibideil air leth anns an leabhar anns a bheil Marsaili a' toirt luaidh air a' chùl-taic a thug am ministear dhi, a' tòiseachadh ann an 1908.

Rud cho feumail agus a tha againn anns an leabhar 's e an roimh-ràdh a sgrìobh Per G. L. Ablander airson a' chlàr-bhualaidh seo.


Chuir Marsaili cuairt air iomadh dùthaich air feadh an t-saoghail agus leughaidh sinn mu na sgrìoban sin anns an leabhar. Bha dòigh sgrìobhadh aice a tha siùbhlach tarraingeach. Cha robh beatha fhurasta aice, oir dh'fhàgadh i 'na bantraich le dithis chloinne. Tha grunn chaibideilean inntinneach mu na h-eileanan air an do thadhail i a' togail òran, agus bidh ùidh air leth aig na Gàidheil anns na caibideilean sin.

Dia m'Athar

Aig àm a' chogaidh mu dheireadh chuir Eaglais na h-Alba agus an Eaglais Shaor leabhran beag a-mach leis an ainm, *Teagasg nan Aithrichean*. Bha an leabhar airson nan Gàidheal a bha ann an seirbheis an rìgh. Am measg nan searmon tha searmon leis an Urr. Eachann MacFhionghain, a bhuineadh do Thiriodh. Chaochail e ann an 1913 agus bha meas mòr air 'na latha mar shearmonaiche. Air balla na h-eaglais ann an Circeapol tha clàr mar chuimhneachan air an Tirisdeach iomraiteach seo. Bha e greis 'na mhinistear ann an Circeapol, ann an Steòrnabhagh, ann an Ceann Loch Chille Chiarain agus mu dheireadh ann an Shettleston ann an Glaschu. Bha bròn air Ghàidhealtachd agus air Ghalldachd nuair a chualas gun do dh'eug Eachann MacFhionghain ann an trèin a neirt.

Seo an ceann-teagaisg a ghabh Mgr. MacFhionghain anns an t-searmon ann an *Teagasg nan Aithrichean*: 'S e an Tighearna mo neart, agus mo dhàn, agus tha E 'na shlàinte dhomh: is Esan mo Dhia-sa, agus nì mi àite-còmhnaidh dha: Dia m'athar agus àrdaichidh mi E. (Ecsodus 15:2) Seo a-nis na cinn a bha aig a' mhinistear aig toiseach t-searmon. Tha simplidheachd agus doimhneachd anns an t-searmon, agus nuair a leughas sinn air fad e tuigidh sinn carson a bha coitheanalan cho dèidheil air an Urr. Eachann MacFhionghain mar shearmonaiche.

1. "Dia m'athar" – cha robh an creideamh diadhaidh 'na nì nuadh dhaibh.
2. "Dia m'athar." Cha do dh'fhalaich na h-athraichean an diadhachd on chloinn.
3. "Dia m'athar". Faodaidh nach nì an t-athair agus am mac a' dèanamh seirbheis don aon Dia.
4. "Dia m'athar." Tha sinn fo fhiachan do dhiadhachd ar n-athraichean.



Ceann an Turais

Tha an t-Oll. Urr. Gilleasbaig Mac a' Mhaoilein air uallach coitheanail a leigeil dheth an dèidh a bhith 'na mhinistear ann an eaglais cho iomraiteach agus a tha ann an Alba, Ard-eaglais Dhùn Eideann, Eaglais Naoimh Giles, o 1973. Mun do ghluais e mu dheas bha e os cionn coitheanail Phort Rìgh o 1969. Nuair a thòisich e a mhinistrealachd anns an Ard-eaglais an dèidh a bhith anns an Eilean Sgiathanach thubhairt cuideigin ris, "Bidh agad ris na searmoinean agad atharrachadh bho thàinig thu a Dhùn Eideann." Fhreagair Gilleasbaig, "O, tha. Tha agam ris na searmoinean a dhèanamh nas simplidhe do mhuintir Dhùn Eideann."

Rugadh Gilleasbaig Iain Mac a' Mhaoilein ann an Sruighlea, ach chaidh e don sgoil ann am Bun Easain ann am Muile, far an robh 'athair 'na mhinistear, agus air tìr-mòr Earra Ghàidheal nuair a ghluais 'athair, an t-Urr. Coinneach Mac a' Mhaoilein, gu sgìr na h-Apainn. Tha cuimhne bhlàth fhathast aig iomadh Gàidheal air Coinneach Mac a' Mhaoilein, duine còir coibhneil. Bha e cuideachd 'na dhuine eirmseach agus tha cuid den àbhachdas sin aig Gilleasbaig. Glè thrìc faodaidh sgeulachd èibhinn puing a shoilleireachadh ann an searmon no suidheachadh a chiùineachadh aig coinneamh air chor-eigin a tha an impis fàs sradagach.

Chaidh iomadh urram a chur air ministear Ard-eaglais tro na bliadhnan. B'esan a bha air ceann na seirbheis airson fosgladh Pàrlamaid na h-Alba ann an 1999, 2003, 2007 agus 2011. Chaidh Dotaireachd a bhuileachadh air le a dhà de na h-oilthaighean ann an Alba, Dùn Eideann agus Cill Rìbhinn. O 1999 tha e air a bhith 'na mhinistear sònraichte aig a' Bhan-rìgh.

Tha taigh aig Gilleasbaig ann am Beàrnaraigh na Hearadh, far an do rugadh 'athair. Nuair a bhios e air chluainidh bidh e a' cur seachad pàirt den ùine air an eilean. Ach cha bhi e 'na thàmh, oir tha fèill mhòr air mar shearmoiniche agus mar òraidiche anns na Stàitean Aonaichte agus ann an dùthchannan eile. Tha e air a bhith o 1965 pòsda aig nighean ministear, Maureen NicThòmais, agus tha ise air a bhith 'na cùl-taic dha 'na obair.

Corr is ceud bliadhna air ais bha ministear ainmeil eile aig an robh Gàidhlig air ceann coitheanail Ard-eaglais Dhùn Eideann, an t-Urr. Seumas Camshron Lees. Bha Gilleasbaig Mac a' Mhaoilein 'na shàr sgoilear Gaidhlig nuair a bha e ann an Ard-sgoil an Obain ri linn Dhòmhnail MhicThòmais.

Gàidhlig Shìmplidh

Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "Smaoinich mi air na làithean o shean". 'S e an salmadair a sgrìobh na faclan sin. Tha iad anns an

t-seachdamh salm deug thar an trì fichead, aig a' chòigeamh rann. (Salm 77:5.) Bhiodh an salmadair tric a' coimhead air ais. Air a' mhìos seo bidh daoine a' smaoinichadh air na làithean o shean. Bidh seirbheisean aig carraighean-cuimhne air feadh na dùthcha. Tha mòran dhaoine beò fhathast aig a' bheil cuimhne air a' chogadh mu dheireadh. Bha feadhainn dhiùbh 'nan saighdearan no 'nam maraichean no ann an itealan cogaidh. Nuair a bhios sinn a' smaoinichadh air na làithean o shean bidh sinn ag ùrnaigh airson sìth anns an latha againne.

Nuair a bha am Fear-deasachaidh ann an Tiriodh chunnaic e tràighean brèagha. Bha teaghlachaichean a' coiseachd air na tràighean.

Bha seo a' còrdadh ris a' chloinn. Tha tràighean Thiriodh a' tarraing iomadh neach-turais. Aon oidhche chaidh deisciobail Chrìosd a-mach a dh'iasgadh air Muir Ghalile. Nuair a thill iad tràth anns a' mhadaoin chunnaic iad cuideigin 'na sheasamh air an tràigh. Cha do dh'aithnich iad cò a bha ann. Ach thuig iad mu dheireadh gur e Iosa a bha ann. Tha mi a' creidsinn gun do rinn iad gàirdeachas nuair a thuig iad cò a bha ann. Anns an dorachdas thug Iosa solas dhaibh.

Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Latha a' bhlàir, 's math na càirdean." (Friends are good on the day of battle.) Bha sin fìor

aig àm a' chogaidh mu dheireadh. Chuir Breatann luach air na càirdean a thug cuideachadh dhuinn. Bha feadhainn dhiùbh à dùthchannan eile anns an Roinn Eòrpa. Thàinig càirdean à dùthchannan ann an Impireachd Bhreatainn, à Canada agus à Astràilia. Nuair a thàinig na Stàitean Aonaichte a-steach don chogadh air ar taobh, rinn sin cuideachadh mòr. Nuair a thèid rudan ceàrr nar beatha, tha e math càirdean a bhith againn a bheir cofhurtachd agus misneachadh dhuinn. Tha am Bioball ag innse mu "charaid a leanas nas dlùithe na bràthair."

'S e seo mìos na Samhna. 'S e seann fhacal a tha ann an "Samhain". 'S dòcha gu bheil e a' dol air ais gu àm mun do ràinig an creideamh

Criodail Alba. Chanadh daoine an t-Samhain ris a' cheud latha den mhìos seo. Bhiodh ar n-athraichean a' bruidheann air "coltas na Samhna." Chanadh iad sin nuair a bha aimsir fhliuch agus fhuar anns an t-samhradh. Bha an aimsir na bu choltaiche ri aimsir an fhoghair na aimsir an t-samhradh. Am bliadhna bha samhradh math againn. Bha am foghar taitneach cuideachd. Sgrìobh mi seo aig deireadh na Sultain, air latha grianaich blàth.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: ruairidhmacleoid@btinternet.co.uk.

Thall 's a-Bhos

RANN

*Fo dhubhar sgàil do chathair-rìgh,
Do naoimh an sìth gheibh tàmh;
Is leòr do ghàirdean treun g'ar dìon,
'S chan adhbhar fiamh leinn nàmh.*

Aig iomadh carragh-cuimhne air a' mhìos seo bidh an laoidh Bheurla, *O God, our help in ages past*, air a seinn. Dh'eadar-theangaich Aonghas MacEacharna an laoidh aig Isaac Watts gu Gàidhlig.

SPIORADALACHD NAM BARD

Tha e 'na mhisneachadh do mhòran gu bheil bàird Ghàidhlig nar latha, leithid Aonghais Phàdraig Chaimbeil agus Mhaolios Chaimbeil, aig a bheil creideamh beò agus tha an taobh sin dem beatha a' tighinn am barr 'nan cuid sgrìobhaidhean. Tha sreath de dh'òraidean gan cumail ann an Uige Leòdhais air spioradalachd nam bard. Aig a' cheud choinneamh chualas òraid on Oll. Ruairidh MacGhilleathain air an obair aig a' bhana-bhàrd, Cairìona NicGumaraid.

FUASGLADH NAN CEIST

Seo agaibh a-nis na freagairtean aig na ceistean a chuir sinn oirbh mu bhàtaichean anns a' Bhìoball. 1. Sebede. 2. --- meadhan--- 3. Adramitium. 4. ESION-geber.

FICHEAD BLIADHNA

Tha dìreach fichead bliadhna bho thòisich Prògram Choinnich a' craobh-sgaoileadh gach madainn air Ràdio nan Gàidhlig. Chumadh sreath de phrògraman a' coimhead air ais air na bliadhnachan sin agus air na naidheachdan ris an robhar a' dèiligeadh. Glè thric thàinig cuspairean an-àird aig an robh ceangal ris an eaglais an-diugh agus anns na làithean a dh'fhalbh.

LAOIDH DHRUIDHTEACH

Anns an leabhar *A Life of Song* air an do rinn sinn breithneachadh anns an iris seo, tha Marsaili NicUalraig-Friseal ag innse mu bhith ann am Barraigh eadar 1907 agus 1908. Mun do sheòl i gu Barraigh air Latha na Sàbaid bha i ann an Eirisgeigh. Chaidh Iain MacAonghais, fear an taighe, agus an teaghlach don eaglais. Dh'fhuirich Marsaili an taic an teine còmhla ri bean an taighe. Sheinn ise an laoidh *Tàladh Chrìosd*. Sgrìobh Marsaili ann an eachdraidh a beatha nach dìochuimhnicheadh i gu bràth an t-seinn sin. Thubhairt i: *Gu dearbh, ged nach bhithinn ach air an tàladh àlainn seo a thogail, cha bhiodh mo thuras do na h-Eileanan diomhain.*

EAGLAIS A' PHLUIC

Tha eaglais Ploc Loch Aillse ga reic air prìs nas àirde na £90,000. Tha miann aig cuid de mhuintir na sgìre an togalach a cheannach airson na coimhearsnachd. Bidh an Eaglais Shaor a' cumail sheirbheisean anns an taigh-adhraidh agus bha ùidh acasan cuideachd anns an eaglais nan deidh aca air an t-airgead a thogail.

ADHBHAR GAIRE

Aig toiseach na ficheadamh linn bha còmhradh gu leòr ann mu aonadh nan eaglaisean agus mun fheadhainn nach robh a' dol leis a' chòrdadh eadar an Eaglais Shaor agus an Eaglais Chlàireachail Aonaichte. Bha mòran dhaoine anns an Eaglais Shaor, gu h-àraidh air a' Ghàidhealtachd, nach deachaidh leis an aonadh. Thadhail fear à Earra Ghàidheal air caraid nach robh aig an taigh. "A bheil fios agad cò an taobh a tha Mgr. Mac an t-Saoir a' dol a ghabhail?" thubhairt e ris an fheadhainn a bha a-staigh – a' ciallachadh dè an taobh air an robh e mu dhèidhinn aonadh nan eaglaisean. "O! Tha mi a' creidsinn gun tèid Mgr. Mac an t-Saoir leis a' mhòr-chuid," chaidh innse dha. "Seadh, a ghaolain," ars esan, "ach nuair a chaidh Nòah a-steach don àirc chaidh a' mhòr-chuid a bhàthadh."

Urnaigh

A Dhè shiorraidh,
ann a bhith a' coimhead air ais
air eachdraidh ar dùthcha
tha sinn mothachail gu bheil sinn
fo fhiachan mòra
don fheadhainn a rinn còmhrag
airson ar saorsa a dhìon,
airson sìth a chosnadh.
Ann an saoghal far a bheil fhathast
iomadh coimhstri agus cogadh
tha sinn ag ùrnaigh airson sìth
far a bheil connspoid,
rèite far a bheil sgaraidhean,
sàmhchair far a bheil fuaim a' chogaidh,
tre Chrìosd, Prionnsa na Sìthe.

Amen

An dealbh air an aghaidh:
Chaidh an dealbh seo a thogail
faisg air an taigh ann an Tìrìodh
far an do chuir am Fear-deasachaidh
seachad beagan làithean anns an t-Sultain.
Tha an t-eilean, le mhachraichean uaine
agus le thràighean bàna, glè choltach ri Uibhist.